

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Clach an Fhithich (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 1,073. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 769 corresponds to Litir 1,073.*

Tha mi airson seann stòiridh innse dhuibh, air a bheil *Clach an Fhithich*. Buinidh e do sgìre Loch Ìnnse ann am Bàideanach. Anns a’ cheathramh linn deug, bha fear, Iain Bàn – Iain Mac a’ Phearsain – a’ fuireach ann am baile beag ris an cainte Baile na Creige. ’S e fear mòr, làidir a bh’ ann. Bha e naoi bliadhn’ deug a dh’aois, agus cha robh e pòsta. Bha e aithnichte mar an duine a bheireadh bratach a chinn-chinnidh air blàr-catha. B’ e a cheann-cinnidh **Fear Inbhir Fheithisidh**.

Latha a bha seo, bha Iain a’ sealg anns a’ choille faisg air an taigh aige. Chunnaic e seabhag an tòir air corra-ghrithreach. Goirid an dèidh sin, mharbh an t-seabhag a’ chorra-ghrithreach. Chaidh Iain gu far an robh an dà eun. An sin, bha boireannach air muin eich, agus gille ga frithealadh. Bha iad an sàs ann an argamaid le dithis fhorsairean aig an uachdaran.

Chunnaic am boireannach Iain. ‘Trohadh an seo,’ ghuidh i air. ‘’S ann leamsa a tha an t-seabhag seo, agus tha na fir seo a’ diùltadh a toirt seachad.’

‘Mharbh an t-seabhag corra-ghrithreach air fearann mo mhaighstir,’ thuirt fear de na forsairean. ‘A rèir an lagh, ’s ann leis-san a tha i.’

‘Ge-tà,’ ars am boireannach, ‘bha a’ chorra-ghrithreach air fearann m’ antaidh air taobh thall Uisge Spè nuair a thòisich an ruaig. Lean an t-seabhag a’ chorra-ghrithreach thar na h-aibhne. Thàinig sinn tarsainn na h-aibhne aig an àth. Cha deach na h-eòin às mo shealladh uair sam bith. A rèir an lagh, ’s ann le m’ antaidh a tha an dà eun.’

‘Thoiribh an t-seabhag air ais don bhoireannach seo,’ thuirt Iain ris na forsairean. ‘A reir lagh na coille, ’s ann leathase a tha i.’

‘Cùm do shròn a-mach às a’ ghnòthach,’ thuirt am forsair. ‘**An rud nach buin dhut, na buin dha.**’

Chaidh a’ chùis gu sabaid-dhòrn. Rinn Iain Bàn an ghnòthach air na forsairean. Fhad ’s a bha seo a’ dol air adhart, dh’itealaich an t-seabhag air ais gu caol-dùirn a’ bhoireannaich. Theich na forsairean, agus thionndaidh am boireannach gu Iain. ‘Taing mhòr dhut,’ ars ise. ‘Nach inns thu dhomh d’ ainm.’

‘Is mise Iain Bàn, an suaicheantaiche aig Fear Inbhir Fheithisidh,’ fhreagair Iain.

‘Is mise Eilidh Nic an Tòisich,’ thuirt am boireannach. ‘Tha mi a’ fuireach aig m’ antaidh, Bean-usal Nic an Tòisich Dhùn Neachdain.’

‘Ah,’ arsa Iain. ‘B’ fheàrr leam nach buineadh tu do na h-uaislean.’

‘Carson sin?’ dh’fhaighnich Eilidh.

‘Oir bu mhath leam a bhith nad chuideachd a-rithist,’ thuirt Iain.

‘Bidh sin ceart gu leòr,’ ars Eilidh. ‘Bidh mi a’ gabhail cuairt air muin eich gach latha air a’ chluain ud thall. Cha bhi còmhla rium ach an gille frithealaidh agam, Ruairidh, agus tha esan dìleas dhomh.’

‘Ach bidh an abhainn eadarainn,’ ars Iain.

‘Ist,’ fhreagair Eilidh. ‘Tha e furasta faighinn a-null ’s a-nall aig an àth.’

Leig an dithis soraidh le chèile, agus thill Iain a Bhaile na Creige. An ceann latha no dhà, chaidh Iain tarsainn Uisge Spè aig an àth, airson coinneachadh ri Eilidh. Cha robh fios aig duine gun robh seo a’ dol air adhart, ach a-mhàin Ruairidh, an gille frithealaidh. Ge-tà, thàinig uisge mòr an fhoghair, agus bha an abhainn ro dhomhainn airson faighinn tarsainn. Dè thachair an uair sin? Innsidh mi dhuibh an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Clach an Fhithich: *The Raven’s Stone*; pòsta: *married*; a’ sealg: *hunting*; àth: *ford*; sabaid-dhòrn: *fisticuffs*; suaicheantaiche: *standard-bearer*; Eilidh Nic an Tòisich: *Helen Mackintosh*; Bean-uasal Nic an Tòisich Dhùn Neachdain: *Lady Mackintosh of Dunachton*; ist: *be quiet*; ach a-mhàin: *except for*.

**Abairtean na Litreach:** Buinidh e do sgìre Loch Ìnnse ann am Bàideanach: *it belongs to the area of Loch Insh in Badenoch*; naoi bliadhna deug a dh’aois: *nineteen years of age*; aithnichte anns an sgìre mar an duine a bheireadh bratach a chinn-chinnidh air blàrcatha: *recognised in the area as the man who would take the clan chief’s banner on the battlefield*; seabhag an tòir air corra-ghrithreach: *a falcon in pursuit of a heron*; bha boireannach air muin eich, agus gille ga frithealadh: *there was a woman on horseback, with a ghillie assisting her*; le dithis fhorsairean aig an uachdaran: *with two of the landlord’s foresters*; ‘Trohad an seo,’ ghuidh i air: *‘Come here,’ she asked of him*; tha na fir seo a’ diùltadh a toirt seachad: *these men are refusing to hand it over*; fearann mo mhaighstir: *the land of my master*; a rèir an lagh, ’s ann leis-san a tha i: *according to the law, it belonged to her*; air taobh thall Uisge Spè nuair a thòisich an ruaig: *on the far side of the River Spey when the pursuit began*; às mo shealladh uair sam bith: *out of my sight at any time*; ’s ann leathase a tha i: *it belongs to her*; dh’itealaich an t-seabhag air ais gu caol-dùirn a’ bhoireannaich: *the falcon flew back to the woman’s wrist*; nach inns thu dhomh d’ ainm: *won’t you tell me your name*; a bhith nad chuideachd a-rithist: *to be in your company again*; tha esan dìleas dhomh: *he is loyal to me*; bidh an abhainn eadarainn: *the river will be between us*; thàinig uisge mòr an fhoghair, agus bha an abhainn ro dhomhainn airson faighinn tarsainn: *the big autumn rains came, and the river was too deep to get across*.

**Puing-chànain na Litreach:** Fear Inbhir Fheithisidh: *The Laird of Invereshie*.

*Fear with a capital ‘F’ traditionally stands for the laird of a Highland estate, most notably when the clan chiefs were still supreme eg Fear na Comraich ‘the Mackenzie laird of Applecross’.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** An rud nach buin dhut, na buin dha: *Mind your own business*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA